

Solar SQA airson na Gàidhlig



SQA

Ùghdarras
Theisteanas
na h-Alba

A' Cumail na Gàidhlig aig Cridhe an Ama ri Teachd airson Alba



Tha a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas na h-Alba, a tha follaiseach fhathast ann an iomadh dòigh san là an-diugh. Eadar ainmean-àitean gu foghlam, na meadhanan is ealain, tha àite cudromach aig a' Ghàidhlig nar dearbh-aithne nàiseanta agus nar beatha chultarail.

Gus cuideachadh ann a bhith a' dleasadh àm ri teachd seasmhach dhan Ghàidhlig ann an Alba a tha ioma-chànanach, tha an SQA dealasach mu bhith a' cumail ris na h-amasan a tha air an cur an cèill ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a tha a' toirt aithne dhan Ghàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba.

Tha sinn a' tabhann raon de theisteanasan Gàidhlig a tha freagarrach don h-uile duine bho luchd-ionnsachaidh gu fileantaich. Chan e a-mhàin gu bheil iad a' cur cudrom air sgilean cànan, tha iad cuideachd a' gabhail a-steach eileamaidean de cheòl, cultar, eachdraidh agus dreuchd.

Teisteanasan Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)

Mar phàirt de phasgan Nuadh Chànanan an SQA, tha na teisteanasan sin air an deilbh dhaibhsan a tha air a thighinn chun chànan às ùr, no aig nach eil ach glè bheag eòlas air a' Ghàidhlig. Tha iad a' leasachadh sgilean leughaidh, èisteachd, còmhraidh agus sgrìobhaidh gus tuigse agus cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh, agus mar a tha a' Ghàidhlig a' ceangal ris a' Bheurla a thaobh a' chomann shòisealta, ionnsachadh, so-fhastachd agus cultar.

Teisteanasan Gàidhlig

Is urrainn tuilleadh leasachaidh is neartachaidh a bhith air a dhèanamh air na sgilean cànan a tha air an leasachadh ann am foghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig, agus san dachaigh, tro na teisteanasan sin airson fileantaich. Tha na teisteanasan sin ga dhèanamh comasach do dhaoine a tha fileanta sa Ghàidhlig leughadh, sgrìobhadh èisteachd agus còmhraidh sa Ghàidhlig airson adhbharan, luchd-amais agus co-theacsan eadar-dhealaichte.

Tha iad cuideachd a' leasachadh tuigse mu iom-fhillteachd cànan tro bhith a' sgrùdadh theacsaichean agus ag adhartachadh breithneachadh bun-rannsachail agus mothachadh air a' bhuidhe a tha aig a' Ghàidhlig.

Teisteanasan tro Mheadhan na Gàidhlig

Tha teisteanasan tro mheadhan na Gàidhlig a' toirt cothrom don fhileantaich an cothrom air a' Ghàidhlig a chumail suas tron àrd-sgoil.

Tha na cuspairean as urrainn a bhith air an dèanamh a' gabhail a-steach Cruinn-eòlas, Eachdraidh, Matamataig, Gnìomhachas Matamataig agus Nuadh-eòlas.

Bidh an SQA ag obair gu dlùth le com-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil oileanaich a tha a' dèanamh theisteanasan tro mheadhan na Gàidhlig a' faighinn taic aig a h-uile ìre nan leasachadh foghlaim agus nan coileanadh.

Tha an grid a leanas a' sealltainn an t-solair a tha ann aig an àm a tha an làthair airson na Gàidhlig, do luchd-ionnsachaidh agus fileantaich – a' gabhail a-steach raon de sgilean: cànan, dreuchdail, ciùil agus cultarail.

Tha na teisteanasan air fad a rèir ìrean Frèam Creideis is Theisteanasan na h-Alba (SCQF). Tha an SCQF na dhòigh fheumail air a bhith a' dèanamh coimeas eadar theisteanasan eadar-dhealaichte agus a' cuideachadh ann a bhith a' soilleireachadh chothroman adhartais.


Teisteanas	ÌRE SCQF									
	2	3	4	5	6	7	8	9	10	11
Nàiseanta 2 Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)										
Nàiseanta 2 Gàidhlig										
Nàiseanta 3 Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)										
Nàiseanta 3 Gàidhlig										
Nàiseanta 4 Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)										
Nàiseanta 4 Gàidhlig										
Nàiseanta 5 Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)										
Nàiseanta 5 Gàidhlig										
Gàidhlig Àrd-ìre (Luchd-ionnsachaidh)										
Gàidhlig Àrd-ìre										
Gàidhlig Àrd-ìre Adhartach (Luchd-ionnsachaidh)										
Gàidhlig Àrd-ìre Adhartach										
Aonad Nàiseanta Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) airson Adhbharan Obrach										
Aonad Nàiseanta Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) airson Beatha										
Aonad Nàiseanta Gàidhlig: Èisteachd										
Aonad Nàiseanta Gàidhlig: Leughadh										
Aonad Nàiseanta Gàidhlig: Còmhradh										
Aonad Nàiseanta Gàidhlig: Sgrìobhadh										
NC Sgrùdadh Ceiltis										
Sgrìobhadh agus Riochdachadh Òrain Ghàidhlig san Là an-diugh										
PDA anns na Meadhanan Gàidhlig										
PDA ann an Eadar-theangachadh Gàidhlig										

Teisteanasan tro Mheadhan na Gàidhlig

Tha Nàiseanta 3, 4 agus 5, Àrd-ìre agus Àrd-ìre Adhartach rim faotainn tro mheadhan na Gàidhlig sna cuspairean a leanas:

Cruinn-eòlas (Geography)
 Eachdraidh (History)
 Gnìomhachas Matamataig (Applications of Mathematics) – *Ri fhaotainn a-mhàin aig Nàiseanta 3, 4, agus 5.*
 Matamataig (Mathematics)
 Nuadh-eòlas (Modern Studies)

Tha SCQF a' cuideachadh ann a bhith a' dèanamh nan ceanglaichean eadar na teisteanasan nas soilleir. Tha na teisteanasan san SCQF air an coimeas a' cleachdadh dà thomhas: ìre agus creideas. Tha ìre an teisteanais a' comharrachadh dè cho doirbh is a tha an t-ionnsachadh, agus tha an creideas a' comharrachadh meud an teisteanais (dè na tha de ionnsachadh na lùib, no dè cho fada is a bheir e).



Faigh a-mach tuilleadh.

Fòn: 0303 333 0330

Post-d: mycentre@sqa.org.uk

www.sqa.org.uk/gaelic